


# Gairm Obar Bhrothaig



**Thatar a' coimhead air Gairm Obar Brothaig mar an sgrìobhainn Albannach as suaicheanta. Tha i air aon de na h-ulaidhean ann an Clàran Nàiseanta na h-Alba agus i ga faicinn mar phriomh sgrìobhainn Albannach bho Chogaidhean na Saorsa, nuair a dh'fheuch na h-Albannaich ri neo-eisimeileachd rioghachd na h-Alba a dhaingneachadh an aghaidh beachdan nan Sasannach gun robh i fo an uachdar anachd.**

Tha a' Ghairm na litir bho bharain agus coimhleas nach rioghachd na h-Alba chun a' Phàpa Èòin XXIII. Tha i na h-ath-thagrach, air a sgrìobhadh gu faiceallach, gus ìmpidh a chur air a' Phàpa ath-bheachdachadh air a dhòigh dèiligidh a thaobh na còmhstri eadar Alba is Sasann a bha air a bhith a' dol fad ùine mhòr.

Tha cànan brosnachail na Gairme, agus na faireachdainnean làidir de nàiseantachd agus de shaorsa innte, air cliù sònraichte a thoirt dhi bhon uair sin, chan ann a-mhàin ann an Alba ach air feadh an t-saoghal.



*Cli, Deas: An litir thùsail agus na seulan air Gairm Obar Brothaig.*

### I Carson a bha feum air a' Ghairm?

Ged a thug Alba buaidh air Èideard II, Rìgh Shasainn, aig Blàr Allt a' Bhonnaich anns an Ògmhios 1314, agus ged a bha ionnsaighean Albannach leantainneach air ceann a tuath Shasainn, chùm Èideard ris an t-seasamh aige gun robh Alba fo uachdranas Shasainn. Cha robh an dàrna cuid Èideard no am Pàpa ag aithneachadh Raibeart I mar righ nan Albannach.

Dh'fhàilig oidhirp a' Phàpa gus sìth fhaighinn nuair a ghabh an Rìgh Raibeart am baile criche Bearaig air ais ann an 1318. Chuir am Pàpa litrichean chun an Rìgh agus gu ceithir easbaigean Albannach anns an t-Samhain 1319 ag iarraidh orra thighinn gu cùirt a' Phàpa. Nuair a dhiùlt iad a dhol ann, chaidh an cur a-mach às an eaglais. Bha a' Ghairm na pàirt den iomairt dhioplòmasach aca an aghaidh seo.



### I A' sgrìobhadh na Gairme

Is dòcha gun deach susbaint na Gairm a dhealbhadh aig coinneamh aig an Rìgh agus a chomhairlichean ann an Abaid a' Bhatail Nuaidh, beagan a deas air Dùn Èideann, sa Mhàrt 1320. Tha e coltach gun deach ullachadh a dhèanamh an uair sin gus an cuireadh na barain an cuiid sheulan dhan litir.

Chaidh a' Ghairm a sgrìobhadh ann an Laideann air craiceann-caorach, agus chaidh an ceann-latha a chur air ann am manachainn Obar Brothaig ann an Aonghas, far an robh seansaireachd no oifis sgrìobhaidh an rìgh. B' e aba Obar Brothaig a bh' ann am Bearnaid, seansalair an Rìgh. Chaidh an litir a sgrìobhadh le fear de sgrìobhadairean na seansaireachd.

Tha i mu 1000 falal a dh'fhaid. Chuir a h-ùghdar earrannan goirid ann às a' Bhioball agus bho Shallust, sgrìobhadair agus neach-poileataigs Ròmanach bhon 1d linn RC, air an ath-sgrìobhadh gu iù gus cuideam a bharrachd a chur air an argamaid.

### I Susbaint na Gairme

Tha a' Ghairm a' cur cuideam air eachdraidh fhada na h-Alba mar rioghachd Chrìostaidh neo-eisimeileach. Tha cunnat goirid ann mu thùs fhionn-sgeulach nan Albannach: bha iad air mòran dhuligheadasan fhlolang air an turas aca bho Shitia (tuath air a' Mhur Dhubh) tron Spàinn gu Alba. Tha e a' cur an cèill gun robh saorsa agus sìth aca gus an tug Rìgh Èideard I (athair an rìgh làthraich Rìgh Èideard II) ionnsaigh air Alba agus gus an do rinn e creach fad is farsaing.

Tha a' Ghairm ag ràdh gun deach na h-Albannaich a shàbhaladh leis an Rìgh a th' aca an-diugh, Raibeart Brus, agus gun dion iad e mar rìgh ach a-mhàin ma dh'fheuchas e ris an rioghachd a chur fo smachd rìgh Shasainn. Thatar ag iarraidh air a' Phàpa ìmpidh a chur air Èideard II gus na h-Albannaich fhàgail ann an sith, agus thatar ag ràdh gun gabh Alba pàirt ann an cogadh-croise mas e is gun tig sith. Tha an litir a' dùnadh le rabhadh dhan Phàpa – gum biodh e cunnatachail do Dhia nan leanadh an cogadh.

## Muinntir na Gairme

Chaidh a' Ghairm a chur ann an ainmean ochd iarlan agus 31 bharan Albannach. Tha e ri thuigsinn bhon teacsa gun robh taic dhaingeann aig na h-Albannaich ri Raibeart I mar righ. Ach ann an da-rìribh, cha robh an taic sin uile-choitcheann. Bha a' mhòr-chuid de na barain a chaidh ainmeachadh anns a' Ghairm nan luchd-taic gu cùl aig an Righ Raibeart, ach cha robh iad uile. A bharrachd air seo, bha rìgh-shliochd Raibeart cugallach – cha robh a oighre Raibeart Stiùbhart ach ceithir bliadhna a dh'aois aig an àm.

Chaidh aichd Pàrlamaid aontachadh anns an Dùblachd an aghaidh duine sam bith a sgoileadh fathannan mun righ no mu a riaghaltas, agus taobh a-staigh beagan sheachdainean bho chaidh a' Ghairm a sgrìobhadh, chaidh co-fheall an aghaidh Rìgh Raibeart I a lorg. Chaidh dèiligeadh ris na ceannardan gu cruaidh anns a' Phàrlamaid san Lùnastal 1320. Bha na co-fhealtairean airson Raibeart a chur a-mach às an rìgh-chathair, ach chan eil e soilleir cò a bha iad ag iarraidh a chur na àite. Tha luchd-eachdraidh den bheachd gur dòcha gum b' fheàrr leotha Èideard Balliol (mac Rìgh Iain Balliol a chaidh a chur às a dhreuchd ann an 1296) mar righ, seach Raibeart.

## A' cur Seula air a' Ghairm

Cha bhiodh daoine a' cur an ainmean ri sgrìobhainnean aig an àm sin. Bhiodh daoine a' cur sheulan cèire air sgrìobhainnean gus an dearbhadh. Bha seulan gu tric air an cleachdadh leis an rìgh agus a oifigich, le uachdarain, pearsachan-eaglais agus le marsantan.

Tha naoi seulan deug ceangailte ris a' Ghairm a-nis. Dh'fhaodte gun robh suas ri 50 seulan ceangailte rithe uair ach tha e furasta seulan a chall no a mhilleadh. Tha measgachadh de shuaicheantasan pearsanta agus earraideach air na sealachan. Tha eich air trì de na seulan, a tha a' sealtainn ridirean air muin eich. Tha iad anns na seulan aig cuid de na barain as cudromaise, agus tha iad ann an cèir dhearg. Tha na seulan aig nach barain nach eil cho cudromach ann an cèir uaine.

Chan eil seula rioghail sam bith ceangailte oir chaidh an litir a chur ann an ainm nam baran. Chaidh litir fa leth a chur leis an Rìgh, agus le easbaig Chill Rìmhinn, ach chaidh na litrichean sin a chall bho chionn fhada.

Tha sgrìobhainnean le iomadh seula mar seo tearc ach chan eil iad neo-àbhaisteach airson sgrìobhainn a tha cudromach gu nàiseanta.

## Dè a' bhuaidh a bh' aig a' Ghairm?

Anns an fhreagairt aige dhan litir, tha am Pàpa a' cur ìmpidh air an dà thaobh a thighinn gu rèite. Às dèidh Èideard II a bhith air a chur far na cathrach ann an 1327, agus an úpraid a lean sin ann an Sasainn, bha cothrom ann gus rèite aontachadh. B' e amas cùmhnant Dhùn Èideann-Northampton sa Mhàrt 1328 "sith dheireannach is mhaireannach" a thoirt gu buil. Bha seo a' gabhail a-steach aithneachadh Raibeart I mar righ, agus neo-eisimeileachd na h-Alba.

Ann an 1329, dh'fhoillsich am Pàpa reachd a' toirt cead do dh'easbaig Chill Rìmhinn gus rìgh na h-Alba ungadh agus a chrùnadh mar roichdaire a' Phàpa, gèilleadh cudromach.

Cha do dh'adhbharaich a' Ghairm seo uile leatha fhèin: cha robh i ach na ceum ann an iomairt fhada. Gu mì-fhortanach, thòisich a' chòmhstri eadar Alba is Sasainn às ùr ann an 1332.

## Eachdraidh na Gairme


Chailleadh an litir thùsail a chaidh a chur dhan Phàpa bho chionn fhada. Thathar an dùil gu bheil an sgrìobhainn a th' air a cumail le Clàran Nàiseanta na h-Alba na "lethbhreac faidhle" Albannach, ach chan eil teagamh nach deach a sgrìobhadh aig an aon àm ris an litir thùsail.

Bha an lethbhreac seo den Ghairm air a chumail am measg clàran nàiseanta na h-Alba ann an Caistedl Dhùn Èideann. As dèidh obair togail an sin san 17mh linn, bha neach-priobhaideach a' coimhead às dèidh na Gairm. Ann an 1829, chaidh a' Ghairm a thoirt air ais dhan dachaigh nàdarra aice anns na tasglannan nàiseanta anns an togalach ùr aca, Taigh Clàraig Coitcheann na Banrigh, Dùn Èideann.

Chaidh teacsa na Gairm a sgrìobhadh ann am beagan làmh-sgrìobhainnean, mar eisimpleir, sgrìobhaidhean mu eachdraidh na h-Alba. Rinneadh a' chiad eadar-theangachadh Beurla ann an 1689. Chunnaic barrachd dhaoine i nuair a chaidh a foillseachadh ann an Ladainn no sa Bheurla.

Tha an t-ainm "Gairm Obair Bhothaig" gu math ùr, stèidhichte air a' cheangal a tha daoine a' faicinn le Gairm Neo-eisimeileachd nan Stàitean Aonaichte ann an 1776." Tha luchd-eachdraidh fhathast a' deasbad air a' cheangal eadar an dà Ghairm. Ann an 1998, ghabh Seanadh nan Stàitean Aonaichte ri gluasad, a' cur an cèill gun robh 6 Giblean "fior shònraichte do na h-Aimeireaganach uile, agus gu sònraichte dhaibhsan aig a bheil sinnseachadh Albannach". Bha sinnseachadh Albannach aig tòrr de na daoine a chur an ainm ri Gairm nan Stàitean Aonaichte. Mar thoradh air seo, chaidh 6 Giblean ainmeachadh mar Latha a' Bhreacain anns na Stàitean Aonaichte, far am bi daoine a' comharrachadh dualchas Albannach.

Cli: Pàirt de theacsa Ghairm Obar Bhothaig





*Deiseil bho shuas:* Gairm Obar Bhrothaig, Seula Alasdair Lamberton, teacsá 'cho fada is a sheasas ceud againn beò', Seula Alasdair Fhriseil



Habens autem sine labore et cedisse  
in Confusis ad sensus non in feci-  
sserit Regi Anglorum aut Anglicas  
Quia ergo dū certātē vīcendū  
vīcende pāt et dñe ergo certātē vīcī  
vīcī aut Angliae tribulationes  
ib⁹ monere et exhortari dignemus



## Eadar-theangachadh air Gairm Obar Bhrothaig, 6 Giblean 1320

Clàran Nàiseanta na h-Alba, SP13/7

Dhan Athair Ro-naoimh agus Tighearna ann an Criod, am Morair Eòin, a tha le freastal diadhadh, na Àrd-easbaig air an Eaglais Naomh Ròmanach agus Uile-choitcheann, bho a mhic iriosal agus dìcheallach Donnchadh, Iarla Fhìobha, Tòmas Randolph, Iarla Mhoireibh, Tighearna Mhanainn agus Shrath Annainn, Pàdraig, Iarla Dhùn Bhàrr is nan Crìochan, Maol Ìosa, Iarla Shrath Èirinn, Maolchalum, Iarla Leamhnach, Uilleam, Iarla Rois, Mànas, Iarla Ghallaibh is Arcaibh, agus Uilleam, Iarla Chataibh; Bhatair, Stiùbhard na h-Alba, Uilleam Soules, Buidéalair na h-Alba, Seumas Iarla Dhùghlais, Roger Mowbray, Dàibhidh, Iarla Bhrechin, Dàibhidh Greumach, Ingram Umfraville, Iain Tèadhach, neach-glèidhidih iarlachd Thèadhach. Alasdair Friseal, Gillebride Hay, Conastabal na h-Alba, Raibeart Keith, Marasgal na h-Alba, Eanraig Mac na Ceàrdaich, Iain Greumach, Dàibhidh Lindsay, Uilleam Oliphant, Pàdraig Greumach, Iain Fenton, Uilleam Obar Neithich; Dàibhidh Wemyss, Uilleam Mushet, Fearghas, Fear Àird Rosain, Eustace Maxwell, Uilleam Ramsay, Uilleam Mowat, Ailean Moireach, Dòmhnull Caimbeul, Iain Camshron Reginald Cheyne, Alasdair Seton, Anndra Leslie agus Alasdair Straiton, agus bho na barain agus saor-sheilbeadairean agus bho choimhairsnachd rioghachd na h-Alba air fad, tha sinn a' cur a h-uile seòrsa urram bràithreil, le pògan cràbhadh do a chasan beannaichte.

A Athair ro-naomh, tha fios againn bho sheann eachdraidh agus bho chunntasan aosta gun d' fhuair nàisean na h-Alba àrd-urram le iomadh clìù am measg nan uile nàiseanan ainmeil. Às dèidh dhan nàisean seo tighinn à Sitia Mòr tron Mhuir Thirreineach agus taobh Charraighean Iorcall agus a bhith fad iomadh linn na tàmh san Spàinn am measg sluagh ro-bhorb, is dual nach gabhadh a ceannsachadh le dream sam bith riamh, ge b' e cho borb 's a bhiodh iad. Agus às dèidh dhi na ceàrnan sin fhàgail mu mhile is dà cheud bliadhna às dèidh imrich nan Israelach às an Èipheit, rinn i air an dachaigh aice san iar far a bheil i fhathast na còmhnaidh an-diugh. Chuir i na Breatainns a-mach an toiseach agus rinn i lèir-sgrios air na na Cruithnich a dh'aindeoin ionnsaighean tric a dh'fhuiling i bho na Nirribhich, na Danmhairgich agus na Sasannaich, agus le iomadh buaidh agus strì gun sgur ghabh i sealbh air an dachaigh sin; agus mar a tha eachdraidh nan seann làithean a' toirt fianais dhuinn, tha iad air a cumail saor bho shlaibhreas bhon uair sin. Tha ceud is trì rioghrean deug den t-sliochd rioghail aca fhèin air riaghadh san rioghachd, loidhne a tha gun bhriseadh le fiù 's aon choigreach.

Bha àrd bhuadhan agus airidheachd nan daoine sin, mura robh iad air an nochdadhan ann an dòigh eile, a' deàrrsadh a-mach gu soilleir bho seo: gun deach an gairm le Rìgh nan rioghrean agus Tighearna nan tighearnan, ar Tighearna Ìosa Criod, às dèidh A Phàis agus A Aiseirigh, ged a bha iad air na pàirtean as iomallaiche den t-saoghal, cha mhòr nach iad a' chiad fheadhainn a thàinig chun a cheideamh ro-naoimh Aige. Agus cha robh e airson gum biodh iad air an dearbhadh anns a' cheideamh sin le dìreach duine sam bith ach leis a' chiad fhear de na h-Abstoil aige - le bhith a' gairm, ged a bha e san dàrna no an treas àite - an Naomh Annndra fior shocair, bràthair Beannaichte Pheadair, agus bha e airson gun cumadh e iad fo a dhòn mar am pàtran gu bràth.

Thug na h-Athraichean Ro-naomh a bha ann romhaibh aire gu faiceallach do na nithean sin agus neartaich iad an rioghachd agus daoine seo le iomadh fàbhar agus iomadach sochair, agus sinn mar luchd-glèidhidih sònraichte bràthair Beannaichte Pheadair. Fo an dòn, mhair ar sluagh ann an sith agus saorsa gus an tainig am prionnsa cumhachdach ud, Èideard, Rìgh nan Sasannach, athair Èideird a tha na rìgh an-diugh, ann am breug-riochd caraid agus caidreibhach agus gun tug e ionnsaigh air an nàisean a bha aig an àm ud gun cheann-riaghlaidh, gun chleachdadh ri cogaidh, agus gun amharas idir air eucoir. Tha na h-eucoirean a dh'fhulaing sinn fo aintighearnas Èideird os cionn cainnt agus cunnais oir tha iad da-rìribh do-chreidsinneach do neach idir ach dhan neach a dh'fhairich iad. Mhill e ar dùthaich, phriosanaich e ar n-easbaigean, loisg e ar taighean cràbhaidh, chreach e ar clèir agus chasgair e ar sluagh gun umhail do uidhreachd de dh'aois, gnè, creideamh no inbhe.

Tro fhàbhar an Tì a leònas agus a shlànaicheas, chaidh ar saoradh bho na gniomhan olc do-àireamh sin taing do ar Rìgh agus ar tighearna, Raibeart. Is esan, ionnan is mar Iosua no Macabeus eile a dh'fhuiling gu deònach gach cruadal, ànradh, easbhaidh agus cunnart gus a shluagh agus a oighreachd a theasargainn à làmhan a nàimhdean. Dh'òrdaich am freastal naomh, an co-rùn ri ceum laghail na còir-sheilbh a bhios sinn gu dileas a' leantainn chun a' bhàis, agus le eas ar n-aonta iomchaidh uile, esan mar Phrionnsa agus mar Rìgh dhuinn. An dòn ar saorsa 's ann dhàsan a tha e mar fhiachaibh oirnn a bhith dileas, sin a cheart cho còir a thaobh ceartais, 's a tha e a thaobh a chomaine fhèin, agus 's ann dhàsan anns gach uile nì a bhios sinn dileas, oir troimhe-san thàinig cobhair gu iomlan ar sluaigh.

Ma thrèigeas e na tha e air tòiseachadh, no ma ghlacas e rùn sinn fhìn no ar dùthaich isleachadh, 's ar toirt fo chìs Shasainn nì sinn gun dàil a fhògradh mar nàmhaid coitcheann, mar dhì-millteach ar còraichean-ne agus a chòraichean fhèin, agus taghaidh sinn rìgh eile gus ar riaghadh agus ar dòn, oir cho fada is a sheasas ceud againn beò, gu bràth cha ghéill sinn do dh'uachdranas nan Sasannach. Gu firinneach, chan ann airson glòir, no beairteas, no urram a tha sinn a' sabaid, ach airson saorsa a-mhàin, nach toir duine onarach sam bith seachad ach le a bheatha fhèin.

Uime sin tha sinn gu dùrachdach a' guidhe oirbh, ur Naomhachd, mar Theachdair an Tì a dhiolas tomhas ionainn do gach aon agus nach cur eadar-dhealachadh an àrda cuid eadar Iùdhach agus Grèigeach, Albannach no Sasannach, gum mothaincheadh sibh le sùil atharail na trioblaidean agus na truaighean a thromaicheadh oirnn agus air Eaglais Dhè leis na Sasannaich; Agus gun cronaicheadh sibh Rìgh nan Sasannach gus a bhith riaraichte le a chrìochan fhèin, Sasainn a bha uair mòr gu leòr airson seachd rìghrean no barrachd, agus gun leigeadh e leinne, na h-Albannaich, a tha a' còmhnaidh sa cheàrn bhochd iomallaich seo air a bheil Alba, is nach eil ag iarraidh ach ar cuid fhèin, a bhith ann an sìth. An da-rìribh, tha sinn dèonach rud sam bith a dhèanamh as urrainn dhuinn gus am bi sìth againn.

Tha seo dha-rìribh a' toirt buaidh oirbh, Athair Naoimh, leis gu bheil sibh a' faicinn brùidealachd nam pàganach an aghaidh nan Criosdaidhean, a tha airidh mar thoradh air peacaidhean Chriosdaidhean, agus crìochan Criosdaidheachd air am brùthadh a-steach gach latha; agus mar a mhilleas e ur cuimhne ur Naomhachd ma tha (a thoirmisg Dia) an Eaglais a' fulang cron no sgainneal ann am meur sam bith dhith rè ur n-ùine, feumaidh sibh tuigsinn. Mar sin, togaibh na prionnsachan Criosdail a tha, airson adhbharan meallta, a' cumail a-mach nach urrainn dhaibh a dhol a chuideachadh an Tì Naoimh air sgàth nan cogaidhean aca le an nàbaidhean. Is e an fhòr adhbhar a tha a' cur bacadh orra bho seo gu bheil iad a' faighinn buannachd nas motha bho bhith a' toirt ionnsaigh air rioghachdan nas lugha agus nas laige. Ach 's ann le toileachas a rachadh ar tighearna an Rìgh agus a rachadh sinn fhèin ann nam fàgadh Rìgh nan Sasannach sinn ann an sìth, tha fios AIGE a tha uile-eòlach air seo, agus tha sinn a' dearbhadh agus a' cur seo an cèill dhuibhse mar Bhiocar Chriosd agus do Criosdaidheachd air fad.

Ach ma chuireas sibhse cus earbsa ann an casaidean ar nàimhdean, no ma bhios sibh teagmhach mur ar teisteanas, no gun lean sibh air a bhith an leisgeul nan Sasannach gu ceann ar sgrios-ne, bidh sinn gur faighinn-se ciontach ann am fianais an Tì as Àirde an call bheathannan, sgrios nan anman agus anns gach droch-bhuail agus truaighe eile is dualach tighinn an cois cogaidh eadar dà nàisean chònsachail.

San dealachadh, tha sinn, agus bidh sinn gu bràth mar ar dleastanas deiseil airson ur toil a dhèanamh anns a h-uile càil, mar mhic umhail dhuibh mar A Bhiocar, agus dhasan mar an Rìgh agus am Breitheamh as àirde tha sinn a' gealltann gun leinn sinn oirnn le ar n-adhbhar, tha sinn a' càradh ar n-uile uallaich agus ar cùram agus sinn gu dian an dòchas gun treòraich E sinn le cruidal a bheir ar nàimhdean gu neòini.

Gun glèidh an Tì as Àirde sibh dhan Eaglais Naoimh aige ann an naomhachd agus slàinte fad iomadh latha ri thighinn.

Air dearbhadh ann am manachainn Obar Bheroig ann an Alba air an t-siathamh latha den Ghiblean anns a' bhliadhna trì ceud deug agus fichead agus anns a' chòigeamh linn deug de rioghachadh ar Rìgh a chaidh ainmeachadh gu h-àrd.

---

Chaidh an t-eadar-theangachadh Gàidhlig seo a dhèanamh airson na bileige seo.



[nrscotland.gov.uk/declaration](http://nrscotland.gov.uk/declaration)